




An Sionnach agus a' Chorra-gheal



Air ath-innse le Keith Gaines • Na dealbhan le Jenny Williams



Uair bha siud bha sionnach agus
corra-gheal ann.


Aon là chaidh iad a-mach airson dìnneir.

Bha an sionnach seòlta agus bha an
t-acras air.

Dh'iarr e brot.



“Chan urrainn dhomh brot ithe,”
thuirt a’ chorra-gheal.



“’S urrainn dhòmhsa!”
thuirt an sionnach.



“Chan urrainn dhomh piotsa ithe,”
thuirt a’ chorra-gheal.




“’S urrainn dhòmhsa!”
thuirt an sionnach.





“Chan urrainn dhomh
reòiteag ithe,”
thuirt an sionnach.



“’S urrainn dhòmhsa!”
thuirt a’ chorra-gheal.